

Ceum 1: Dè an trioblaid a tha ann?

Gu h-obann chan eil airgead agam

- Obair ga call / nas lugha uairean
- Airgead ga chall / cosgais gun dùil
- Tubaist (leithid tuil no teine)
- Dàimh a' briseadh sìos
- Airgead ga stad (leithid deuchainn meidigeach)
- Fo smachd-bhann - faic roghainn 5

Faic roghainnean **1 2 5 6**

Tha mi a' feitheamh pàigheadh/ co-dhùnadh sochaire

- Rinn mi tagradh ùr airson sochair
- Tha dàil sa phàigheadh shochaire
- A' feitheamh co-dhùnadh mu shochair

Faic roghainnean **1 4**

Chan eil mo chuid airgid a' dol fada gu leòr

- Roghainn eadar biadh/connadh/fòn
- Teachd-a-steach ìosal no cùmhnaidh 0 uair
- Pàigheadh Tinneis Reachdail ro ìosal
- Mì-chinnt mu fhreagarrachd airson taic
- Suidheachadh air atharrachadh (leithid leanabh ùr/ bàs/ tinneas/ air cèile fhàgail)

Faic roghainnean **1 2**

Tha fiachan orm

- Fiachan màil no Cise Comhairle
- Gas no dealan
- Cairtean creideas no bùth
- Iasadan pearsanta agus ro-tharraing
- Iasadan bho charaidean is teaghlach
- Ais-phàigheadh sochaire

Faic roghainn **3**

Ceum 2: Dè na roghainnean a tha ann?

1 Maoin Sochair na h-Alba

'S dòcha gum faigh daoine air teachd-a-steach ìosal **tabhartas èiginn** bhon Chomhairle.

'S e pàigheadh a tha seo a chuidicheas ri linn cùis-èiginn no tubaist, no le cosgaisean ris nach robh dùil. Chan fheumar tabhartasan èiginn a phàigheadh air ais (chan e iasad a tha ann).

www.cne-siar.gov.uk/benefits-and-grants

2 Meudaich Do Theachd-a-steach

Faodaidh duine sam bith le trioblaidean ionmhais sgrùdadh sochaire fhaighinn is comhairle an-asgaidh is dlomhair fhaighinn o chomhairleach.

Nì **sgrùdadh sochaire** cinnteach gu bheileas a' faighinn an airgid air fad air a bheileas airidh, gu h-àraid ma dh'atharraich do shuidheachadh o chionn ghoirid. Faodaidh bruidhinn ri comhairleach cuideachadh le smachd air cosgaisean gas is dealan agus **dèanamh cinnteach nach eileas a' call cothrom** air rudan mar thabhartasan aodach sgoile no biadh sgoile an-asgaidh.

3 Comhairle mu Fhiachan

Faodaidh neach sam bith a bhith ann am fiachan. Faodaidh comhairle is taic an-asgaidh cuideachadh gus smachd a chumail air na fiachan agad agus na thathas a' pàigheadh gach mìos a lùghdachadh.

4 Pàigheadh Sochair Ro Làimh

Ma thathas air tagradh ùr a chur a-steach airson sochair is tu gann de dh'airgead fhad 's a thathas a' feitheamh do chiad phàigheadh, 's dòcha gum faighear pàigheadh ro làimh airson leithid màil no biadh. Tha e cudromach comhairle fhaighinn mus fhaighear pàigheadh ro làimh. Feumar pàighidhean ro làimh a phàigheadh air ais, is thig iad às na pàighidhean sochaire agad san àm ri teachd (iasad).

5 Pàigheadh Cruadail

Ma chaidh do chur fo smachd-bhann, 's dòcha gum faod thu pàigheadh cruadail iarraidh on Ionad-obrach. Chan eil pàighidhean cruadail an-còmhnaidh air am pàigheadh sa bhad, agus chan fhaigh a h-uile duine iad. Feumar pàighidhean cruadail Creideas Uile-choitcheann a phàigheadh air ais (iasad), ach chan fheumar pàighidhean cruadail Cuibhreann Sireadair Obrach no Cuibhreann Taic Cosnadh (chan e iasadan a tha ann).

6 Cuir an Aghaidh Co-dhùnaidh

Faodar cur an aghaidh co-dhùnaidh mu shochair ma chaidh an t-sochair agad a stad / chur fo smachd-bhann / lùghdachadh / dhiùltadh, no ma phàigh iad cus dhut. Mar as trice feumar cuir an aghaidh co-dhùnadh taobh a-staigh mìos.

Ceum 3: Càite am faigh mi taic le na roghainnean seo?

Ceum 3: Càit am faigh mi taic?

Airson comhairle diomhar an-asgaidh

Biùro Comhairleachadh a' Phobail

Comhairle air raon farsaing de chùisean a' gabhail a-steach sochairean, fiachan, airgead, cumhachd, taigheadas agus cosnadh. Feuch an cuir thu fios thugainn ma tha feum agad air comhairle no thu gun fios agad càite an tionndaidh thu.

bureau@wicas.uk
www.wicas.uk

CAB Leòdhais
01851 705 727

CAB na Hearadh
01859 502 431

Taic le roghainnean: 1 2 3 4 5 6

Maoin Sochairean na h-Alba

Tabhartasan èiginn airson cosgaisean èiginn
01851 822 642
www.cne-siar.gov.uk/benefits-and-grants/
scottish-welfare-fund

Tèarainteachd Shòisealta Alba

Is dòcha gu bheil cothrom agad air taic bho Thèarainteachd Shòisealta Alba. Mar eisimpleir, faodaidh Pàigheadh Leanabh na h-Alba, Tabhartas Best Start agus Best Start Foods cuideachadh le cosgaisean leanaibh.
0800 182 2222 (saorfhòn)
mygov.scot/benefits

A bheil cuideachadh a dhith le tagradh?

Faodaidh daoine a tha a' fuireach anns na h-Eileanan Siar fònadh gu 0800 182 2222 gus am a chuir air dòigh le Comhairliche Taic airson cuideachaidh aghaidh-ri-aghaidh.

Ùraichte air: 21/08/25

Thoir dhuinn do bheachd air an iùl seo aig:
www.bit.ly/moneyadvicefeedback

Taic Eile

Advocacy Western Isles Leòdhais agus na Hearadh

Tagradh neo-eisimeileach stèidhichte air cùis, stèidhichte air neach agus air a stiùireadh le luchd-feuma
01851 701 755 | office@advocacywi.co.uk
www.advocacywi.co.uk

Cobhair Bhoireannaich nan Eilean Siar

Comhairleachadh, taic agus àite-fuirich do bhoireannaich is clann a tha fo bhuaidh droch dhiol san dachaigh
01851 704 750 | office@wiwasty.org
www.westernisleswomensaid.co.uk

The Shed Project

Goireas tadhail sàbhailte is càirdeil ann an Steòrnabhagh do dh'inbhich le trioblaidean deoch làidir neo drugaichean
01851 704 557 | admin@theshedproject.org.uk
www.theshedproject.org.uk

Cumhachd Dachaigh Alba

Comhairle èifeachdais cumhachd an-asgaidh gun bhreith gus cuideachadh le bhith a' gearraidh chosgaisean agus a bhith blàth staigh an taigh
Donald.morrison@hi.homeenergyscotland.org
0808 808 2282 | www.homeenergyscotland.org

Tighean Innse Gall

A' cuideachadh dhaoine gus am faigh iad air fuireach ann an dachaighean cofhurtail, aig pris reusanta, eadar ceannach is màl
01851 706 121 | info@tighean.co.uk
www.tighean.co.uk

Shelter

Comhairle taigheadais an-asgaidh
0808 800 4444 | scotland.shelter.org.uk

Turn2us

Fiosrachadh agus taic mu shochairean shòisealta agus tabhartasan carthannais
turn2us.org.uk
benefits-calculator.turn2us.org.uk

Dreach eadar-ghnìomhach



www.worryingaboutmoney.co.uk/
lewis-and-harris

A' gabhail uallach mu airgead?

Gheibhear comhairle is comhairle is taic ionmhais ma thathas gann de dh'airgead

Lean na ceumannan seo airson fios fhaighinn far am faighear cuideachadh ann an Leòdhas is na Hearadh



Le taic bho

